



Mata Mòr a' dol air saor-làithean





Seo Mata Mòr.

'S e fuamhaire a th' ann.

Tha e a' fuireach ann an taigh mòr
le uinneagan mòra agus doras mòr.

Tha Mata Mòr a' dol air saor-làithean.

Fhuair e бага mòr.

Chuir e lèine agus briogais ghoirid anns a' bhaga.

Thuirt Mata Mòr,

“Lèine, briogais ghoirid agus bàlla.”

Ach



Tha e ro mhòr



“Coma leat,” thuir Mata Mòr.

“Lèine, briogais ghoirid agus siorc.”

Ach



Tha e ro mhòr



“Coma leat,” thuirt Mata Mòr.

“Lèine, briogais ghoirid agus bàta.”

Ach



Tha e ro mhòr



“Dè nì mi?” thuirt Mata Mòr.

An uair sin rinn e gàire.

Shuidh e air na dèideagan.

“Chan eil iad ro mhòr a-nis,” thuirt e.

Glè mhath

